



**beatha le
buaidh**



Air fhoillseachadh ann an 2005 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2006. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Na dealbhan le Roald Dahl Museum and Story Centre.

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-25-6



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

beatha le buaidh

LEABHAR
ROALD
DAHL



An teacs le Ailig O' Henley.

ROALD DAHL

Roald Dahl

Tha Roald Dahl am measg nan sgrìobhadairean chloinne as ainmeile air an t-saoghal. Anns an dara leth dhen fhicheadamh linn sgrìobh e mòran leabhraichean chloinne. Nam measg bha *James And The Giant Peach*, *Charlie And The Chocolate Factory* agus *Matilda*. Ged a chaochail e ann an 1990, tha an obair aige beò fhathast. Tha Hollywood a' dèanamh filmichean dhe na leabhraichean aige. Tha an obair aige ri fhaicinn air iomadh àrd-ùrlar air feadh an t-saoghail. Agus tha clann agus inbhich fhathast air am beò-ghlacadh leis an sgrìobhadh mhìorbhailteach anns na leabhraichean aige.

ROALD DAHL



ROALD DAHL

Cò a bh' ann an Roald Dahl?

Rugadh Roald Dahl ann an Cardaf sa Chuimrigh ann an 1916. B' ann à Nirribhidh a bha a phàrantan. Chaidh ainmeachadh às dèidh an neach-rannsachaidh Nirribheach, Roald Amundsen. Gu mì-fhortanach chaochail a phiuthar Astri nuair a bha Dahl trì bliadhna a dh'aois. Agus chaochail athair, Harald, beagan sheachdainean às dèidh sin leis a' ghreim mhòr.

ROALD DAHL

Làithean sgoile

Gu h-annasach, airson fear a bhiodh na sgrìobhadair, cha robh an sgoil a' còrdadh ri Dahl idir. Bha e fìor mhath air spòrs, gu sònraichte bocsa. Thuirt an neach-teagaisg Beurla aige gun robh e, "eu-comasach air a smuaintean a chur air pàipear". Ach bha aon bhuannachd anns an sgoil mu dheireadh san robh e. Thachair gun robh sgoil Repton faisg air factaraidh seòclaid Cadbury's ann an Dearbaidh. Agus gu math tric bhiodh iad a' feuchainn a-mach nam bàraichean seòclaid ùra aca air na sgoilearan. Bheireadh seo buaidh air Dahl a-rithist nuair a sgrìobh e *Charlie And The Chocolate Factory*.

ROALD DAHL

Afraga agus bliadhnaichean an Darna Cogaidh

Ged a bha a mhàthair ag iarraidh air a dhol dhan oilthigh, thagh Dahl slighe eile às dèidh na sgoile. Chaidh e dh'obair don chompanaidh ola Shell. Bha e ag obair mar neach-reic ann an Dar es Salaam ann an dùthaich Tansainia. Thòisich an darna cogadh nuair a bha e 23 agus chaidh e gu Feachd an Adhair ann an Naròbaidh. Cha robh fada gus an robh e a' sabaid mar phìolait an aghaidh nan Eadailteach ann am fàsach Libia.

Cha mhòr nach deach a mharbhadh ann an 1940, nuair a chaidh a chur a-steach gu *no man's land* gu mearachdach. Sgrìobh e mun sin anns a' chiad sgeulachd ghoirid a chaidh fhoillseachadh leis, *Shot Down Over Libya*. Chuir e seachad ùine anns a' Ghrèig agus Siria cuideachd, a' ruighinn inbhe *wing commander*.

8


ROALD DAHL



© Roald Dahl Museum and Story Centre

ROALD

DAHL



On a sunny day

© Roald Dahl Museum and Story Centre

ROALD DAHL

Ameireaga

Ann an 1942 chaidh a ghluasad gu Washington anns na Stàitean Aonaichte. B' ann an seo a thòisich e ga-rìreabh air ainm a dhèanamh mar sgrìobhaiche. Choinnich e ri CS Forrester, am fear a sgrìobh *Captain Hornblower*. Dh'iarr esan air Dahl na thachair dha sa chogadh a chur air pàipear. Bha na sgrìobh Dahl cho math 's gun do nochd e ann an iris Ameireaganach. Às dèidh sin thòisich e air cliù a chosnadh a' sgrìobhadh sgeulachdan goirid airson pàipearan naidheachd agus irisean sna Stàitean.

ROALD DAHL




© Roald Dahl Museum and Story Centre

ROALD DAHL

A' chiad leabhar

Tha gu leòr dhen bheachd gur e *James And The Giant Peach* a' chiad leabhar chloinne a sgrìobh Dahl, ach chan eil sin ceart. B' e *The Gremlins* a' chiad leabhar a dh'fhoillsich e ann an 1943. Bha e air sgrìobt film a sgrìobhadh airson Disney mar-thà agus thionndaidh e sin an uair sin gu leabhar. Sgrìobh e grunn sgrìobtaichean film eile cuideachd. Nam measg bha an stòiridh James Bond, *You Only Live Twice* agus am film chloinne *Chitty Chitty Bang Bang*.

ROALD DAHL




© Roald Dahl Museum and Story Centre

Tilleadh a Shasainn

Thill Dahl agus an teaghlach air ais a Shasainn ann an 1960. Shocraich iad ann am baile Great Missenden ann an Siorrachd Bhuckingham. B' e Taigh an Giopsaidh an t-ainm a bha air an dachaigh aca. Agus b' ann an seo a sgrìobh Dahl a chuid as motha dhe na leabhraichean a b' fheàrr aige. Bhiodh e ag obair ann an seada bheag aig bonn a' ghàrraidh. Nochd *James And The Giant Peach* ann an 1961, *Charlie And The Chocolate Factory* ann an 1964, *Fantastic Mr. Fox* ann an 1970 agus *Danny The Champion Of The World* ann an 1975.

Ach b' fheudar dha stad a sgrìobhadh greis, air sàilleabh trioblaidean pearsanta na bheatha. Chaochail an nighean a bu shine aige, Olivia, air sàilleabh tinneas inntinn. Agus an uair sin bha am balach aige, Theo, ann an droch thubaist rathaid.

Cha robh e ach trì mìosan a dh'aois agus chaidh an eanchainn aige a mhilleadh. Bha mòran a smaintinn nach biodh e fada beò. Ach dhealbh Dahl bhalbh shònraichte airson a chuideachadh. An-diugh thathas fhathast a' cleachdadh a' bhalbh Wade-Dahl-Till airson uisge a thoirt far na h-eanchainn. Dearbhadh eile air na diofar thàlant an a bha aig Roald Dahl. Bha a' chiad bhean aige, Patricia Neal, tinn airson greis cuideachd. Ghabh ise trì stròcaichean mòra. Ach le cuideachadh Dahl fhuair i na b' fheàrr agus thill i air ais gu h-obair mar chleasaiche.



An Dileab

A dh'aindeoin nan duilgheadasan sin, chùm Dahl air ag obair. Sgrìobh e sreath de sgeulachdan dorcha airson inbhich. B' e *Tales Of The Unexpected* an t-ainm a bh' air an t-sreath seo agus chaidh an sealltainn air an telebhisean anns na h-ochdadan. Thàinig leabhraichean chloinne eile às dèidh sin, leithid *The BFG*, *The Witches*, *Boy* agus eachdraidh a bheatha fhèin *Going Solo*.

Aig an aon àm bha na leabhraichean eile aige a' reic nam milleanan air feadh an t-saoghail. Chaidh dà mhillean lethbhreac de *Charlie And The Chocolate Factory* a reic ann an Sìona a-mhàin. Reic an dara leabhar mu dheireadh aige, *Matilda*, còrr is leth mhillean lethbhreac ann am Breatainn ann an sia mìosan. Aig an àm b' e sin an àireamh as motha de

leabhar chloinne a chaidh a reic riamh san rìoghachd.

Chaochail Roald Dahl ann an 1990, aig aois 74. Bha e ag obair chun a' mhionaid mu dheireadh air an leabhar, *The Vicar of Nibbleswicke*. Ann an 2005, chaidh taigh-tasgaidh fhosgladh ann an Great Missenden mar chuimhne air a bheatha agus air obair. Tha dreach ùr dhen film *Charlie And The Chocolate Factory* air nochdadh bhon uair sin. Agus tha na leabhraichean aige cho tarraingeach sa bha iad a-riamh airson clann agus inbhich. A rèir choltais, bidh cuimhne air obair Roald Dahl airson bliadhnaichean mòra fhathast.

